



THIGEADH DO RÌOGHACHD

Aon latha deug de dh'ùrnaigh

GABH PÀIRT AN GLUASAD- ÙRNAIGH CRUINNEIL...

Bi ag ùrnaigh airson còigear ded theaglach is charaidean, agus bi nad phàirt de shuaile ùrnaigh a tha a' gabhail àite air feadh an t-saoghail.

DÈ AS URRAINN DHOMH

A DHÈANAMH? Dèan cinnteach gun cuir thu d' ainm ri [#pledge2pray](#) aig [www.thykingdomcome.global](#)

LEABHAR-LATHA

ÙRNAIGH Cleachd an leabhar-latha seo airson do smuaintean, d' ùrnaighean 's na freagairtean a gheibh thu, a chur sìos air pàipear tron aon latha deug seo.

Tha cuspair eadar-dhealaichte ann gach latha airson do chuideachadh nad ùrnaighean. Bidh bhideo ùr ann gach latha, gus do chuideachadh air do shlighe.

Cùm sùil air na sianalan meadhanan aig Thy Kingdom Come air YouTube, Vimeo, agus air na meadhanan-sòisealta.

BI AN SÀS

Cuir do smuaintean is d' ùrnaighean an-àird air loidhne cuide ris an taga-hais againn agus bi nad phàirt dhen ghluasad-ùrnaigh chruinneil seo.

BI AG ÙRNAIGH AIRSON CÒIGEAR

Tagh còigear dhaoine airson am bidh thu
ag ùrnaigh fhad 's a tha thu an sàs ann an
Thìgeadh do Rìoghachd, agus sgrìobh na
h-ainmeannan aca an seo:

GU ÌOSA

CHAN E A' PHRÌOMH CHEIST CÀIT A BHEIL THU, ACH CÀIT A BHEIL THU A' DOL...

A bheil thu dlùth do dh'Ìosa an-diugh? No a bheil thu a' faireachdainn mar gu bheil thu fad air falbh. 'S dòcha, gu-tà, nach e sin as motha a tha a' cunntadh dhàsan. 'S dòcha gur e an nì as motha a tha a' cunntadh dhàsan, an t-slighe a tha thu a' ghabhail?

A bheil thu a' coiseachd, a' tuisleadh, 's a' feuchainn ri do shlighe fhaighinn, tron chlàbar, gu Ìosa?

No, nuair a smaoinicheas tu mu dheidhinn, a bheil thu a' gluasad gu slaodach air falbh? Till thuige an-diugh. Ma tha thu air a bhith a' coimhead an taobh cheàrr, tionndaidh; ach ma tha thu a' gluasad thuige-san mu thràth, an àite a

bhith a' coiseachd, ruith!

An-dràsta, dèan ùrnaigh airson na caraidean sin dhan dèanadh e an eadar-dhealachadh as motha nan tìgeadh iad còmhla riut ann a bhith a' ruith às-dèidh Ìosa, an àite a bhith a' ruith air falbh.

Tha mise gad leantainn, Ìosa...

Bi ag ùrnaigh gu lean do chòigear Ìosa cuideachd.

THOIR MOLADH

SMAOINICH AIR A' CHARAID AS FHEÀRR A TH' AGAD...

Smaoinich air an neach sin a tha an còmhnaidh a' toirt gàire gu d' aodann. An neach sin, a tha a' toirt ort lachan a dhèanamh nuair a smaoinicheas tu air na rudan èibhinn a tha sibh air a dhèanamh còmhla.

'S toigh leat a bhith a' cur ùine seachad còmhla riutha, oir 's toigh leat iad fhèin agus na tha iad a' dèanamh. Bidh thu a' bruidhinn mun deidhinn, cothrom sam bith a gheibh thu.

A bheil thu uair sam bith mar sin mu dheidhinn Ìosa?

Am bi thu gad fhaighinn fhèin fo òngnadh, aig cho òngantach 's a tha esan, agus aig an smuain gu bheil e còmhla riut?

Mura h-eil, 's dòcha nach eil thu buileach a' dèanamh grèim air cò E.

An-diugh, feuch an dèan thu liosta de dheich rudan airson an fhiach esan a mholadh. Chan e rudan mòra a dh'fheumas a bhith annta, 's dòcha dìreach rudan a bheir gàire toileachais dhut. Rudan a dh'innseadh tu do dhaoine eile, nam biodh tu ag innse dhaibh mu dheidhinn Ìosa.

Tha mi gad mholadh Ìosa...

Bi ag ùrnaigh gum bi na còigear agad a' moladh Ìosa dhaib' fhèin.

THOIR TAING

THA DÀ DHÒIGH-BEATHA ANN...

'S e aon dhòigh-beatha a bhith beò mar gu bheil a h-uile càil na dhlighe dhuinn, mar gu bheil sinn airidh air a h-uile càil math a thig thugainn, 's mar gu bheil a h-uile càil dona na mhearachd nach eil cothromach.

'S e an dòigh-beatha eile a bhith a' meas gach nì mar thìodhlac.

Tha a h-uile càil mu chuairt oirnn mar gum biodh e gar bruthadh chun a' chiad dhòigh-beatha, a bhith a' smaoinichadh gu bheil sinn airidh air a h-uile càil: fòghlam, toileachas, airgead, urram, càirdeas, gràdh. Ach ann an dòimhneachdan ar cridheachan, tha fios againn gur e a' bhreug a tha sin. Chan eil sinne càil nas airidh air dad, na tha neach sam bith eile.

Tha adhbhar taingealachd againn, nach eil Dia a' dèiligeadh rinn a rèir airidheachd. Cha do choisinn sinn càil.

'S ann a tha e a' toirt thìodhlacan dhuinn. Fìor- thìodhlacan. Slàinte. Teaghlach. Na tha ri teachd. A ghràdh. A h-uile càil. Tìodhlac. Tìodhlac. Tìodhlac.

Nuair as aithne dhuinne sin, cha bu chòir dhuinn idir a bhith beò mar gu bheil sinn airidh air càil, ach beò le fìor thaingealachd airson a thìodhlacan.

Saoil dè cho eadar-dhealaichte 's a dh'fhaodadh an latha-an-diugh a bhith, nan roghnaicheadh tu na thìodhlacan seo fhaicinn mar thìodhlacan, agus a bhith taingeil?

Tha mi a' toirt taing..

Thoir taing do Dhia airson do chòigear 's an thìodhlac a th' annta dhut.

THA MI DUILICH

SAOILIDH TU GUR E 'THA MI DUILICH' AN NÌ AS DORRA A RÀDH...

Chan e! Bho aon shealladh, 's e aon dhe na rudan as fhasa a ràdh. Tha e a' tuiteam o bhàrr do theanga. Nuair a dhìoch-uimhnicheas tu rud a dhèanamh, thig: 'Tha mi duilich'. Tha sin mar nì nàdarach a tha a' tighinn gun iarraidh, airson 's nach gabh daoine dìomb, airson còmradh a dhùnadh sìos no airson stad a chur air càineadh.

Ach tha e tòrr mòr nas dorra a ràdh o ar cridhe! Ga chantainn agus ga chiallachadh.

Nuair a tha sinn dha-rìribh duilich, chan feuch sinn ri dearbhadh gu robh sinn fhèin ceart. Cha bhi sinn gar fireanachadh fhèin, no a' dèanamh leisgeil.

Aidichidh sinn an cionta uile.

Aidich do chionta do Dhia an-dràsta fhèin. A h-uile càil. Agus iarr airsan do chuideachadh gus a bhith ga chiallachadh.

Tha mi duilich...

Bi ag ùrnaigh gum bi fios aig do chòigear air mathanas Dhè.

TABHAIR

THA SGEULACHD AINMEIL ANN MU CHÒIG MÌLE NEACH, NO MAR SIN, A BHA ACRACH 'S GUN BHIADH...

Bha cùisean air ruith na b' fhaide na bha iad an dùil. Cha robh ach aon neach ann a bh' air ullachadh a dhèanamh airson sin: balach òg le beagan aran is èisg.

Ann an làmhnan Ìosa, cha robh feum air a' chòrr gus biadh a thoirt dha na 5,000.

Chì sinn leithid a dh'fheumalachd san t-saoghal. Chan e a-mhàin còig mìle, ach còig millean uair a bharrachd thrioblaidean na b' urrainn dhuinn fhèin fustgladh a thoirt orra. Dè bho ghrian as urrainn dhuinne a thabhairn do Dhia, 's cho beag againn?

Chan e na th' againn cnag na cùise. 'S e cnag na cùise, a bheil

sinn deònach na th' againn a thoirt dhàsan?

Gun càil a chumail againn fhèin?

Sìos tro nan linn, 's iad a' mhuinntir a thug na bh' aca do Dhia – eadhon ged nach robh mòran ann an sin – an fheadhainn a chunnaic Dia a' dèanamh tuilleadh 's a' chòrr 's a bha iad an dùil.

An-diugh, ge bith dè a th' agad airson a thabhairt – d' ùine, do sgilean, d' airgead, do chridhé – tabhair iad sin uile do Dhia.

Tha mi a' tabhairt dhut...

Tabhair ùrnaighean airson do charaidean 's do theaghlach.

BI AG ÙRNAIGH

BIDH CUID AG EACARSAICH...

...ag obair cruaidh airson bodhaig shnaidhte. Tha cuid a' togail chuideaman airson an guailnean a neartachadh.

Ach tha feadhainn de na cuid-eaman a tha sinne a' giùlain nar beatha ro throm airson an giùlain nar n-aonar.

Ann an ùrnaigh, tha sinn a' diùltadh nan rudan sin a ghiùlain nar n-aonar. 'S e cleachdadh a th' ann far a bheil sinn a' cur air guailnean ìosa na cuideaman a tha ro throm dhuinne.

Agus nuair a nì sinn sin, tha sinn a' faighinn a-mach nach eil uallach,

neach, no suidheachadh ann nach robh e a' giùlain a-cheana.

Nuair a tha sinn a' sàinnsearachd ùrnaighean mu na rudan a tha sinn a' giùlain – ma dh'èistean sinn gu faiceallach – cluinnidh sinn sàinnsearachd gar freagairt, gu robh esan a' tagradh air an son mu thràth.

Na giùlain d' uallaichean leat fhèin. No eadhon an fheadhainn aig daoine eile. Bi ag ùrnaigh mun deidhinn, gan cur a-nall air uchd ìosa. Is cluinn a thagradh-san air an son.

Tha mi ag ùrnaigh...

Smaoinich air aon rud mun dèan thu ùrnaigh airson do chòigear.

CUIDICH MI

THA A' CHUID MHÒR AGAINN GA FHAIGHINN DUILICH CUIDEACHADH IARRAIDH...

Eadar gu bheil sinn steigte aig ìre sònraichte ann an geama-bhideo, no gu bheil sinn a' strì gus pìos obrach a chrìochnachadh, faodaidh e a bhith gur e na nàimh-dean as motha a bhios againn ar rag-mhuinealas 's ar pròis.

An caomh le neach sam bith a bhith ag aideachadh nach eil an comas aca rud a dhèanamh?

'S e rud gun chiall a th'ann, gu bheil sinn beò leis a' bhreug seo: gu bheil a h-uile càil nar comas fhèin.

Ach tha Dia a' toirt cuireadh dhuinn an saoghal fhaicinn o shealladh eile.

Oir 's ann le bhith ag aideachadh ar laigse a thig neart, agus le bhith onarach mu ar staid bhrìste a thig slànachd. 'S ann le bhith ag iarraidh cuideachadh a thig e am follais gu bheil fìor ghrèim againn air cùisean.

Tha ìosa an seo. Rid thaobh, gus do chuideachadh. Leig às ded rag-mhuinealas agus ded phròis agus leig dhasan do chuideachadh.

Tha mi ag iarraidh do chuideachadh...

Dè a bhios na chuideachadh dhut a bhith ag ùrnaigh airson do chòigear.

GAOL-CRIDHE

CARSON A THA UIMHIR AGAINN AG IARRAIDH A BHITH AINMEIL?...

'S dòcha gur ann air sgàth 's gu bheil sinn uile a' miannachadh gràidh. No nas motha na sin: gaol-cridhe.

Tha sinn a' faicinn dhaoine ainmeil, seinneadairean agus cleas-aichean air beulaibh mhiltean de luchd-meas, agus tha sinn ag iarraidh fios a bhith againn cò ris a tha sin coltach, daoine a bhith air am beò-ghlachadh leis na tha sinn a' dèanamh.

Ach 's e firinn na cùise, nach eil eadhon na daoine sin beò mar gu bheil, dha rìreabh, gaol on chridhe aig daoine orra. Oir ann an doimhneachd an cridheachan chan eil earbsa aca gum b' urrainn dhan ghràdh a tha air aideachadh a bhith fìor.

Anns an aon dòigh, tha eòlas againne oirnn fhèin, agus tha làn fhios againne nach eil adhbhar ann gum biodh gaol on cridhe aig neach sam bith oirne.

Ach tha aon neach ann a tha dha-rìribh airidh air gaol ar cridhe, agus 's e Ìosa an t-ainm a th' air.

Agus eadhon ged a tha fios aigesan air a h-uile càil mu ar deidhinn-ne, tha e a' roghnachadh gaol-cridhe a bhith aige oirnn. Is ged nach eil sinn airidh air, tha gaol a chridhe air a nochdadh dhuinn.

Seo an nì a tha sinn uile a' miannachadh... agus tha e fìor dhuinn.

Dè mar a dh'atharraicheadh an smuain a leanas, do latha-sa: fios a bhith agad – domhainn nad chridhe – gu bheil gràdh agus gaol-cridhe aigesan, an Dia a chruthaich an domhan, ortsa.

Tha gaol mo chridhe agam ort...

Bi ag ùrnaigh gun tuig do chòigear gu bheil gaol-cridhe aig Dia orra.

DÈAN GÀIRD- EACHAS

'S E GLÈ BHEAG A THA A' TOIRT FÌOR THOGAIL DHUINN...

A bharrachd air na rudan as fhìor toirt leinn.

Ach glè thrìc chan eil cus dragh againn mu dheidhinn rudan eile.

Glè bheag a tha a' drùdhadh oirnn. Glè bheag a tha a' dùsgadh aoibhneis dhomhainn annainn.

Air sgàth sin, bidh ar cion-ùidh ann an rudan a' toirt buaidh air an dòigh anns am bi sinn a' faicinn 's a' smaoinichadh mu dheidhinn Dia. Agus bidh ar cion-ùidh a' nochdadh nar creideamh cuideachd.

Tha ar n-inntinn air an toirt an taobh ud 's an taobh ud eile, leis

na milleanan de rudan làitheil mu chuairt oirnn, 's nach eil an smuain gu bheil eòlas againn air Dia – Crùithfhear agus Fear- Glèidhidh an domhain uile – a' toirt buaidh oirnn.

Tha sinn air ar gràdhachadh, agus tha a' bheatha shìorraidh air a thoirt dhuinn. Tha e a' toirt bun-stèidh do ar beatha agus solas leis am bi sinn beò. 'S e rudan a tha seo mun coir dhuinn gàirdeachas a dhèanamh... ach, cho tric, chan eil smuain againn mun deidhinn.

Mar sin, am measg àbhaisteachd ar beatha làitheil, seall suas an-diugh. Gus gabhail a-steach

iongantas agus mìorbhail-eachd Dhè, a tha falaichte, uainn cho tric, le rudan 'àbhaisteach'.

Nach gabh thu ùine, uaireigin an-diugh, airson na rudan as aithne dhut mu dheidhinn Dia a sgrìobhadh sìos, airson an togail os cionn an 'àbhaist'. 'S fhiach, 's cinnteach, gàirdeachas a dhèanamh mun deidhinn...

Tha mi a' dèanamh gàirdeachais...

Dèan gàirdeachas gu bheil Dia air teaghlach is caraidean a thoirt dhut gus am bidh thu ag ùrnaigh air an son...

SÀMHCHEIR

STAD...

Do cheann. Do làmhnan. Do chasan.

Gabh anail dhomhainn.

Cùm i.

Leig a-mach i.

Gabh anail dhomhainn deich tursan.

Agus èist ris a' chiùineas: fuaim an t-sàmhchair.

Feith ri Dia, gus an t-sàmhchair a lìonadh.

Dè a-nis?

Tha mi a' tighinn thugad san t-sàmhchair...

Èist airson na dh'fhaodadh a bhith aig Dia ri ràdh rid chòigear.

THIGEADH DO RÌOGHACHD

CHAN EIL A H-UILE CÀIL MAR AS CÒIR DHA A BHITH, A BHEIL?...

Na càirdeasan ud. An suidh-eachadh ud. An duilgheadas ud. Gun fiù 's bruidhinn air a' phian 's an cruadal ann am beatha dhaoine air feadh an t-saoghail, nach urrainn dhut dèiligeadh ris nad inntinn.

Agus air sgàth 's nach eil cùisean gu math leis an t-saoghal – tha sinn ag ùrnaigh: Thigeadh do Rìoghachd.

Tha sinn ag ùrnaigh: Ìosa, atharraich cùisean, dèan iad cho eadar-dhealaichte 's a ghabhas.


Ach mus dèan sinn sin – cuimh-nich air aon rud.

Ma ghabas tu ort an ùrnaigh seo a chur suas, na gabh òngnadh ma chuireas Dia barrachd suim nad ùrnaigh-sa, na chuir thu fhèin.

Bì deiseil gus a bhith nad phàirt dhen mhisean seo, gus a rìoghachd-san fhaicinn a' tighinn.

Tha mi a' dèanamh seo nad ainm-sa...

Mas toigh leat, cùm ag ùrnaigh gun tig na còigear agad gu eòlas air Crìosd.



Gabh pàirt sa ghluasad-ùrnaigh seo:
www.thykingdomcome.global